




6. 9.

H.M. 68.

30 Nov. 1. 92.











LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION

## EAGLAISEAN ATH-LEASAICHTE NA H-ALBA.

---

Goirear Eaglaisean Ath-leasaichte de na h-eaglaisean uile a thilg dhiubh cuing a Phàip agus nan Easbuigean, agus a tha air an riaghladh le cléiribh, mar a tha an Eaglais Steidhichte agus an Eaglais Shaor ann an Alba. Goirear Eaglaisean Presbiterach (*Presbyterian Churches*) dhiubh mar is tric; 'se sin ri ràdh, eaglaisean a tha 'gabhail nam bunaitean simplidh so mar riaghailtean;—gu'm bi an eaglais air a riaghladh le comunn de sheanairean; gu'm bi anns na h-uile comhthional, a thuilleadh air an neach a tha air a chuir air leth gu bhi 'frithealadh anns an Fhocal agus ann an teagasg, seanairean (no eildeirean) eile, air an cur air leth gu bhi 'cuideachadh leis ann a bhi 'riaghladh anns 'a chomhthional, ged nach bi iad air an sgaradh o 'n gnothuichean saoghalta; agus gu'm bi e comasach do 'n chléir, agus os ceann sin, do Ard-sheanadh na h-eaglais a bhi sealltuinn thairis, ag òrduchadh agus a' riaghladh na h-uile gnothaich a chuirear air adhart le seanairean gach comhthionail. 'S iad so na stéidhean is comharraichte 'tha 'seasamh a mach eadar na h-eaglaisean Ath-leasaichte agus na h-eaglaisean Easbuigeach agus Pàpanach.

'S iomadh duine diadhaidh a losgadh, no a mharbhadh air dhoighean an-ìochdmhor eile, mu'n d'fhuair Alba an t-saorsainn a tha i an diugh a' mealltuinn ann an nithean spioradail. Agus eadhon an deigh do'n Eaglais Ath-leasaichte 'bhi air a h-aideachadh leis a' Pharlamaid, mar eaglais na dùthcha, bu mhòr an geur-leanmhuinn agus an sàruchadh a dh' fhulaing iomadh ministear a bha 'strìth air son saorsa spioradail ann an Eaglais Ath-leasaichte na h-Alba, ach a bha air a cheangal leis na laghan agus na h-achdan a rinn a' Pharlamaid do 'n eaglais. Dh' fheuchadh air iomadh uair creidimh agus riaghailtean na h-eaglais Easbuigich a chuir a steach air muinntir Alba 'ach dh'èirich spiorad an t-sluaigh 'n a aghaidh; agus ged a dh' aidich an Stait an Eaglais Ath-leasaichte mar an eaglais a bha an sluagh ag iarraidh, cha do sgair i de' h-aintighearnas, agus a' bhi tagart ùghdarais ann an gnothachaibh spioradail a bhuinneadh do' n eaglais a mhàin. 'S e so

an t-aobhar gu'n do dhealaich mòran de mhinistirean na h-eaglais iad fein o 'n Stait gu h-ìomlan, a chionn 's nach fhaigheadh iad an t-saorsa 'bha iad a' tagart ann a' riaghladh gnothaichean spioradail. Dhealaich a' cheud fhcadhann anns a' bhliadhna 1733, an ath bhuidheann anns a' bhliadhna 1752, agus an Eaglais Shaor anns a' bhliadhna 1843. Tha a' cheud dà bhuidheann a nis an ceann a chèile agus theirear na Presbiterianaich Aonaichte (*United Presbyterians*) riutha.

Mar a dh' fhaodas neach air bith a thuigsinn 'n uair a dhealaich na ministirean so iad fein o 'n Stait chaill iad am pàigheadh a bha aca mar mhinistirean eaglais na Stàite; agus thilg iad iad-fein, le 'n sùil Air-san a gheall nach tréigeadh E iad, air saor-thabhartas an t-sluaigh a lean iad, agus a bha 'g iarraidh a mhain cothrom aoradh a thoirt do Dhia gun ghrobadh air bith o 'n Stait. Tha aig an àm so seà ceud deug agus a dhà deug thar fhichead (1632), de mhinistirean eadar an Eaglais Shaor agus an Eaglais Aonaichte (*United Presbyterians*), a tha air am pàigheadh le saor-thabhartas an t-sluaigh. Air an làimh eile tha trì cheud deug ceithir fichead agus a ceithir (1384) de mhinistirean anns an Eaglais Stéidhichte air am pàigheadh leis an Stait le airgiod na dùthcha, a tha na h-uile neach a' pàigheadh.

Tha mar sin mu'n cuairt air dà cheud gu leth (250) de mhinistirean aig an Eaglais Shaor agus an Eaglais Aonaichte le chèile, a bharrachd air an Eaglais a tha fathasd ceangailte ris an Stàit. Tha còrr agus ochd mìle (8000) ministear ann an America air an aon stéidh, a reir an cumail suas, 's a tha ministirean na h-Eaglaise Saoire agus na h-eaglaise Aonaichte. Cha-n 'eil eaglais air a pàigheadh leis a' Stait ann an America idir.

Le 'bhi 'beachdachadh air mar a tha 'n soisgeul air a chur do dhuthchannaibh fad' as, agus air an aghartas a tha eaglaisean nach 'eil ceangailte ris an Stait a' deanamh, tha iomadh neach a' creidsinn gu'm bheil e nì's mò a reir spiorad Chrìosd agus an t-soisgeul, agus nì's buanachdail do anamanaibh sluagh Dhé a bhi 'toirt de 'm maoin air son soisgeul Chrìosd a shearmonachadh dhoibh féin agus a chur chum nan ciùneach nach cuala riamh mu ainm Chrìosd, na bhi an crochadh ris an Stàit air son na ministirean a fhrithealas dhoibh a pàigheadh.

Cha-n 'eil neach air bith ag àicheadh gu'm bheil e mar fhiachaibh air sluagh Dhé cuid de 'm maoin a thoirt air son sgaoileadh an t-soisgeul. Tha cadhon eaglais na Stàite a' teagasg so mar dhleasdanas do 'n t-sluagh, ged nach eil iad deònach air pàigheadh na Stàit a leigeil thairis.

Tha e mar an ceudna r' a fhaicinn o na cùntasan a bheir sinn air



aghart gu'm bheil na h-eaglaisean nach 'eil ceangailte ris an Stàit idir a deanamh mòran ni's mò air son sgaoileadh an t-soisgeul air feadh an t-saoghail, a réir òrdugh Chrìosd, a thubhairt "Searmonaichibh an soisgeul do na h-uile neach," na tha na h-eaglaisean nach do thilg dhiubh fathasd cuing na Stàite.

Ann an Eaglais Stéidhichte na h-Alba, gun a dhol ni's fhaide air falbh, tha dà cheud deug agus a dhà thar fhichead de chomhthionalan (1222); agus cha-n 'eil iad a tionail air son sgaoileadh an t-soisgeul ach naodh mìle deug punnd Sasunnach (£19,000), 's a' bhliadhna.

Ann an Eaglais Aonaichte Phresbiterianach na h-Alba cha-n eil ach cuig ceud, agus sia thar fhichead (526) de chomhthionalan agus tha iad a' togail 's a bhliadhna air son sgaoileadh an t-soisgeul dà fhichead mìle 's a dhà, ochd ceud tri fichead 's a dhàdheug de phuinnnd Shasunnaich (£42,872), sin ri ràdh còrr 's dà urraid 's a tha an Eaglais Steidhichte a' togail, aig am bheil a dhà urraid de chomhthionalan 's a tha acasan.

Ann an Eaglais Shaor tha mìle 's a naodh (1009) de chomhthionalan agus mìle 's tri fichead 's a h-ochd (1068) de mhinisteirean. Thog iadsan anns a' bhliadhna 'chaidh seachad còrr 's leth-cheud mìle punnd Sasunnach (£50,000) air son an soisgeul a chur chum nan cinneach; 'se sin ri ràdh fagus air tri urraid 's a thog an Eaglais Steidhichte.

So agaibh toradh saor-thabhartas an t-sluaigh agus bheir sinn air aghart tuilleadh dheth. Am fad' 's a bhitheas an Stàit a' pàigheadh mhinisteirean gabhaidh i gnothach agus iarraidh i làmh a' bhi aice ann an riaghladh na h-eaglais. Bha Eaglais Ath-leasaichte na h-Alba a' cur an aghaidh sin o 'n toiseach; agus 'n uair a chuir a' Phàrlamaid an céill anns a' bhliadhna 1843, gu'm be so am bonn air am faigheadh an Eaglais pàigheadh na Stàite, dhealaich an Eaglais Shaor o 'n Stàit. Tha 'n Eaglais Steidhichte o'n là sin a ceadachadh gu'm bitheadh uachdaranachd aig an Stàit os a ceann, agus a cumail a mach gur còir do 'n Stàit an soisgeul a chumail suas air a bhonn so agus na ministeirean a phàigheadh. Tha eaglais air bith a nis do 'n toir a' Phàrlamaid airgid fo laghan na Pàrlamaid, agus tha na h-uile h-eaglais a tha 'gabhail pàigheadh na Pàrlamaid a gèilleadh do laghan na Pàrlamaid, ann an gnothuichibh spioradail.

Cuireamaid a nis ri taobh a cheile na tha tri phrìomh eaglaisean na h-Alba a cruinneachadh 's a bhliadhna gu leir—an Eaglais Steidhichte, an Eaglais Shaor, agus an Eaglais Aonaichte Phresbiterianach. 'S a' bhliadhna 1876, thog an Eaglais Stéidhichte tri cheud, ceithir fhichead's a ceithir mìle punnd Sasunnach (£384,000); thog an Eaglais Shaor cuig ceud tri fichead 's a cuig de mhiltean puinnnd Shasunnaich (£565,000); thog an Eaglais Aonaichte, (U.P.), ceithir cheud 's a sia de mhiltean puinnnd Shasunnaich (£406,000).

Chi sibh mar so e :—

An Eaglais Steidhichte, . . . . .	£384,106	15	2
An Eaglais Shaor, . . . . .	565,194	0	0
An Eaglais Aonaichte, . . . . .	406,204	0	0

Chi sibh an so na bha an Eaglais Shaor a' togail na h-uile bliadhna air leth o àm an *Dealachaidh* 's a' bhliadhna 1843 :—

1843-44, . . . . .	£363,871	17	4 $\frac{1}{4}$	1861-62, . . . . .	£337,437	8	9
1844-45, . . . . .	333,604	3	1 $\frac{3}{4}$	1862-63, . . . . .	343,089	17	4
1845-46, . . . . .	296,259	1	8 $\frac{1}{2}$	1863-64, . . . . .	343,626	5	9 $\frac{3}{4}$
1846-47, . . . . .	317,593	3	11 $\frac{3}{4}$	1864-65, . . . . .	359,009	19	6
1847-48, . . . . .	275,347	11	7 $\frac{1}{4}$	1865-66, . . . . .	383,890	6	10 $\frac{1}{2}$
1848-49, . . . . .	272,460	14	1 $\frac{3}{4}$	1866-67, . . . . .	369,114	4	6 $\frac{1}{4}$
1849-50, . . . . .	306,339	9	7 $\frac{1}{4}$	1867-68, . . . . .	395,775	16	1 $\frac{3}{4}$
1850-51, . . . . .	303,581	6	6 $\frac{1}{2}$	1868-69, . . . . .	421,796	4	9 $\frac{3}{4}$
1851-52, . . . . .	269,182	0	2 $\frac{1}{2}$	1869-70, . . . . .	427,621	18	0
1852-53, . . . . .	277,536	7	2 $\frac{3}{4}$	1870-71, . . . . .	413,193	12	5
1853-54, . . . . .	289,670	3	4 $\frac{1}{4}$	1871-72, . . . . .	432,522	19	9
1854-55, . . . . .	306,476	6	0	1872-73, . . . . .	452,699	7	3
1855-56, . . . . .	288,568	10	9	1873-74, . . . . .	510,191	4	6
1856-57, . . . . .	308,224	12	0 $\frac{1}{4}$	1874-75, . . . . .	525,424	12	1 $\frac{1}{4}$
1857-58, . . . . .	331,793	12	5 $\frac{3}{4}$	1875-76, . . . . .	534,450	14	9 $\frac{1}{2}$
1858-59, . . . . .	342,723	12	4 $\frac{1}{2}$	1876-77, . . . . .	565,195	10	3 $\frac{3}{4}$
1859-60, . . . . .	319,817	16	8	1877-78, . . . . .			
1860-61, . . . . .	330,992	1	1				

Cha do rinneadh a mach an cunntas air son na bliadhna so fathasd, ach tha e coltach ri 'bhi ni's mò na bliadhna air bith do na chaidh seachad.

Tha aon chomhthional a bhuineas do 'n Eaglais Shaoir ann an Duneideann a thog air a' bhliadhna-sa seachd mìle deug naodh ceud agus a h-ochd puinnnd Shasunnach (£17,908). Bha mòran de so air son aobharan eile a thuilleadh air an *Sustentation Fund*, no an t-airgid a tha 'cumail suas nam ministeirean. Thog an Comhthional so am bliadhna còrr agus seachd mìle puinnnd Sasunnach (£7,000) air son a bhi 'togail eaglaisean air feadh na dùthcha. Thog iad o thainig an Eaglais Shaor a mach o 'n Stait anns a' bhliadhna 1843, air son an *Sustentation Fund* a mhàin, ceud agus ceithir deug de mhiltean puinnnd Shasunnaich (£114,000). Se sin ri ràdh dlùth air trì mìle 's trì cheud na h-uile bliadhna, agus sin air son an *Sustentation Fund*, a thuilleadh air aobharan eile. Bha iad a' togail na dheanadh ceud gu leth puinnnd Sasunnach (£150) do mhinisteir thar fhichead (21) na h-uile bliadhna o 'n dhealaich an Eaglais Shaor o 'n Stait. 'S e sin toradh saor-thabhartais an t-sluaigh.

Nach 'eil e mòran ni 's taitniche do shluagh Dhe' a bhì 'faicinn a' mhuinntir air na bhuilich Dia saoilbhreas 'toirt gu h-inntinneach de 'n cuid na 'bhi an crochadh ri pàigheadh na Stàite. Na 'm biodh minis-

teirean na h-Eaglais Steidhichte air am pàigheadh le saor-thabhartas an t-sluaigh aca fein, bhiodh na cisean a tha nis air an leigeadh air an t-sluaigh uile na b' eutrom.

Bha Dr. Candlish aon uair 'na mhinisteir thairis air a' chomhthional mu'n robh sinn a' bruidheann; agus tha Dia a' beannachadh gu mòr seirbheis a' mhinisteir dhileis agus iomraitich a thainig 'n a dheigh. 'S e so an comhthional is mò a tha 'cur a steach do ionmhas na h-eaglaise, a th'anns an Eaglais Shaoir uile.

Tha iomadh comhthional 's an Eaglais Aonaichte Phresbiterianach (U. P.) a tha 'togail dà mhìle agus trì mìle punnd Sasunnach 's a' bhliadhna.

Labhair sinn mu dheighinn na tha na h-Eaglaisean a' deanamh air son sgaoileadh an t-soisgeul am measg nan cinneach. Seallamaid a ris ri so a thaobh eaglaisean na h-Alba. S' ann dh' Africa agus dh' Asia a tha a' chuid is mò de na ministeirean (*Missionaries*) air an cur, agus chi sinn ciod a tha na h-Eaglaisean fa leth a' deanamh air son nan tìrean so.

#### ANNS AN ASIA.

Tha aig an Eaglais Shaoir, . . . Fhichead ministeir, . . .	20
Tha aig an Eaglais Aonaichte (U. P.) . . . Aon thar fhichead, . . .	21
Tha aig an Eaglais Steidhichte . . . Seachd, . . .	7

#### ANN AN AFRICA.

Tha aig an Eaglais Shaoir, . . . Seachd deug, . . .	17
Tha aig an Eaglais Aonaichte (U. P.) . . . dhà dheug, . . .	12
Tha aig an Eaglais Steidhichte, . . . Aon, . . .	1

#### ANN AN DÙTHCHANNAIBH NA ROINN-EÒIRPA.

Tha aig an Eaglais Shaoir, . . . Naodh, . . .	9
Tha aig an Eaglais Aonaichte (U.P.) . . . Dha, . . .	2
Cha-n 'eil aon idir aig an Eaglais Steidhichte, . . .	0

Tha 'n creidimh Presbiterianach gle laidir ann an dùthchannaibh na Roinn-Eòirpe; mar a tha a' Ghearmailt; Switzerland, (Tìr na Suitsaich); an Fhraing; an Òlaind; agus Hungari. Tha beagan eaglaisean Presbiterianach 's an Spain, ann an Russia agus ann an Lochlinn. Anns na dùthchannaibh so, gu h-araid anns an Fhraing, anns an Eadailt agus anns an Spain, tha 'n creidimh Pàpanach gle laidir, ach tha daoine fadheòidh a' dùsgadh suas gu bhì tilgeadh dhiubh an-tighearneas nan sagairtean. Chi sinn air an dòigh a leanas mar a tha an creidimh Presbiterianach a faighinn greim ann an dùthchannaibh na Roinn-Eòirpe, far an do thoisich an Ath-leasachadh anns an t-siathamh linn deug:—



## I.—DÙTHCHANNAN NA ROINN-EÒIRPE.

	Comhthionalan.	Ministeirean.
Ann a' Switzerland, . . . . .	898	1038
Anns an Fhraing, . . . . .	586	641
Anns an 'Ollaind, . . . . .	1309	1583
Ann am Belgium, . . . . .	34	18
Anns an Eadailt, . . . . .	56	65
Ann a Hungari, . . . . .	2007	2017
Ann am Bohemia, . . . . .	68	67
Ann a' Russia, . . . . .	40	40
Anns an Spàin, . . . . .	12	12
Ann an Lochlinn, . . . . .	3	3
Gu leir, . . . . .	5026	5499

Cha-n 'eil eaglaisean ath-leasaichte na Gearmailt air an cunntadh do bhrìgh 's nach 'eil an aon riaghailt acasan ris na h-eaglaisibh Presbiterianach eile.

Faiceamaid a nis àireamh nan eaglaisean Presbiterianach ann am Breatainn agus ann an Eirinn :—

## II.

	Comhthionalan.	Ministeirean.
<b>ALBA—</b>		
An Eaglais Steidhichte, . . . . .	1493*	1384
An Eaglais Aonaichte (U.P.), . . . . .	526	564
An Eaglais Shaor, . . . . .	1009	1068
An Eaglais Phresbiterianach Athleasaichte, Eaglais a Cheud Dhealachaidh, . . . . .	12 41	7 23
<b>EIRINN—</b>		
An Eaglais Phresbiterianach Eirinnach, . . . . .	560	600
An Eaglais Athleasaichte 'n Eirinn, . . . . .	41	31
<b>SASUINN—</b>		
An Eaglais Phresbiterianach, . . . . .	258	258
<b>WALES—</b>		
An Eaglais Phresbiterianach, . . . . .	1098	522
Gu leir eadar Alba, Sasuinn, Wales, agus Eirinn, . . . . . }	5038	4457

\* Tha nig an Eaglais Steidhichte ann an Alba 1493, eadar sgìreachdan agus àitean do'm bi teachdairean air an cur air uairibh (*Mission Stations*); ach cha-n 'eil aice ach 1222 de sgìreachdan.

Ann an America nan Stàit (*United States*), tha de chomhthionalan Presbiterianach 9793, agus de mhinisteirean 7864.

Eadar *Canada, Australia, New Zealand, agus Africa*, tha do chomhthionalan Presbiterianach 1641, agus de mhinisteirean 1291.

Tha na comhthionalan so uile 'g an cumail fein suas gun a bhi 'g iarradh airgid na Stàite. Tha na Presbiterianaich ann am America, ann an Sasuinn, ann an Eirinn, agus ann a' Wales, uile sgarraichte o 'n Stàit. Cha-n 'eil buidheann air bith de Phresbiterianaich anns a' rioghachd ceangailte ris an Stàit ach an Eaglais Steidhichte ann an Alba. Is ni e air am faod muinntir a bhi 'smuaineachadh am bheil e ceart no 'reir an t-soisgeul gu'm bitheadh Eaglais air bith fo laghan Parlamaid a tha air a deanamh suas de bhuill aig am bheil iomadh seorsa creidimh ?

Tha Pàpanaich, Ana-creidmbhich, Easbuigich agus muinntir gun chreidimh air bith anns a' Pharlamaid, aig am bheil còir air laghan a dheanamh do 'n Eaglais cho fad' 'sa bhitheas i ceangailte ris an Stàit. Cha-n 'eil teagamh air bith nam bitheadh an Eaglais Shaor agus an Eaglais Aonaichte (U.P.) fathasd ceangailte ris an Stàit, nach bitheadh iad a' deanamh a cheart cho beag air son sgaoileadh an t-soisgeul 's a tha 'n Eaglais Steidhichte 'deanamh aig an àm so.

Tha na focail so air an sgrìobhadh agus na cunntasan so air an toirt air aghart cha-n ann gu bhi claonadh inntinn neach air bith o aon Eaglais gu Eaglais eile, ach gu bhi 'cur fo chomhair gach neach leis an toil beachdachadh orra nithean a tha ceart agus fìor mu dheighinn na tha na h-Eaglaisean fa leth a' deanamh air son aobhar Chrìosd air feadh an t-saoghail. Tha sinn a' fagail do gach neach comhdhùnadh air a shon fein co is buanachdail do anam agus is mò a reir spiorad an t-soisgeul a bhi 'toirt de 'nhaoin air son òrduighean Dhé a chumail air chois no 'bhi 'tagart airgid na dùthcha o 'n Stàit.

MAIDH, 1878.

THOIR FAINEAR,—O sgrìobhadh na focail air thoiseach, chaidh cunntas a dheanamh suas air na thog na h-Eaglaisean 's a' bhliadhna-sa. Chunnaic sinn gu'm bheil barrachd 's dà mhinisteir aig an Eaglais Steidhichte mu choinneamh aon aig an Eaglais Aonaichte Phresbiterianaich, agus trì cheud ministear aca a bharrachd air na th' aig an Eaglais Shaor. Thog an Eaglais Steidhichte mata 's a' bhliadhna-sa trì cheud agus trì deug thar thrì fichead de mhiltean agus seachd ceud. Thog an Eaglais Aonaichte fagus air sia milé bharrachd air a sin ; 'se sin ri ràdh, trì cheud agus naodh deug thar thrì fichead de mhiltean ; thog an Eaglais Shaor cuig ceud agus cuig deug thar thrì fichead de mhiltean, agus seachd ceud ; no thog an Eaglais Shaor air

son aobharan an t-sosgeul dà cheud mìle punnd Sasunnach anns a' bhliadhna 'chaidh seachad a bharrachd air na thog an Eaglais Stéidhichte.

Chì sinn air an dòigh a leanas àireamh nam ministeirean aig na h-Eaglaisean agus na thog iad fa leth 's a' bhliadhna-sa.

AINM NA H-EAGLAISE.	Aireamh Mhinisteirean.	Na thog iad 's a' bhliadhna-sa.
AN EAGLAIS SHAOR, . . . .	1068	£575,700
AN EAGLAIS AONAICHTE (U.P.), . . .	564	£379,000
AN EAGLAIS STEIDHICHTE, . . . .	1384	£373,700

Thubhairt sinn mu thràth nach 'eil eaglais ceangailte ris a' Stàit ann an America idir ; agus ma sheallas sinn air an àireamh de mhinisteirean (*Missionaries*) agus de luchdoibreach eile a tha iad a' cur a chum nan cinneach ; na tighean-foghlum agus na h-eaglaisean a tha iad a' togail, agus an toileachas leis am bheil iad a' cur air aghart aobhar Chrìosd air iomadh dòigh, chì sinn cìod e 'tha saor-thabhartas an t-sluaigh a' deanamh 'nam measg. Tha Eaglais ceann a Tuath America a' cumail suas mìle duine a' sgaoileadh an t-soisgeil ann an tìrean fad' as. Tha aig an Eaglais Phresbiterianach ann an America gu leir còrr agus million (1,000,000) de bhuill, agus mu chuairt air ceithir millionan (4,000,000) anns na comhthionalan gu leir ; deich mìle ministèir (10,000), agus dà mhìle dheug de chomhthionalan (12,000). Tha iad a' togal trì million punnd Sasunnach 's a' bhliadhna (£3,000,000) ; no mu'n cuairt air trì punnd Shasunnach thairis air a' cheile (*average*) o'n h-uile ball, air son cumail suas orduighean an t-soisgeul.

Leugh GNATH-FHOCAIL, iii. 9, 10 ; MALACHI, iii. 10 ; 1 COR. ix. 13, 14 ; GAL. vi. 6, 7.
















X

